

CUNNTAS-SLUAIGH NA H-ALBA 2001

AITHISG GHÀIDHLIG



General Register Office
for
SCOTLAND
information about Scotland's people

CUNNTAS-SLUAIGH NA H-ALBA 2001

Aithisg Ghàidhlig

ÀRD-NEACH-CLÀRAIDH NA H-ALBA

**Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba
Dùn Èideann**

**FOILLSICHTE
10 DÀMHAIR 2005**

Airson tuilleadh fiosrachaidh

Customer Services
Dissemination and Census Analysis Branch
General Register Office for Scotland
Ladywell House
Ladywell Road
Edinburgh EH12 7TF

Fòn: 0131 314 4254
Facs: 0131 314 4696
Eadar-nàiseanta: Fòn: +44 131 314 4254
Facs: +44 131 314 4696

Post-d: customer@gro-scotland.gsi.gov.uk

Làrach-lìn: www.gro-scotland.gov.uk
www.scrol.gov.uk

Pàipear Staitistig Nàiseanta

'S e pàipear Staitistig Nàiseanta a tha san aithisg seo. Chaidh ullachadh gu ìrean àrda proifeiseanta a tha air an comharrachadh ann an Còd Obrachaidh nan Staitistig Nàiseanta agus Protacal Cleachdadh Sgaoileadh Fiosrachaidh. Tha na staitistig sin a' dol tro ghealltanais càileachd cunbhalach gus a bhith cinnteach gum bi iad a' coinneachadh ri feuman luchd-cleachdaidh. Tha iad air an ullachadh gun chur a-steach poileataigeach sam bith.

© Còraichean glèidhte leis a' Chrùn 2005
Ciad fhoillseachadh 2005

ISBN 1-874451-74-5

CLÀR-INNSE

RO-RÀDH	1
GEÀRR-CHUNNTAS	5
AITHRIS	11
Earrann 1 : Bruidhinn, leughadh, sgrìobhadh agus tuigsinn Gàidhlig	11
Earrann 2 : Pàtran-sluaigh	15
Earrann 3 : Feartan cultarail	18
Earrann 4 : Gàidhlig ann an teaghlaichean	20
Earrann 5 : Tinneas, slàinte agus frithealadh	22
Earrann 6 : Coitcheann	24
Earrann 7 : Coimeas eadar diofar bhuidhnean aoise eadar 1991 agus 2001	27
Earrann 8 : Imrich	28
CLÀRAN	31
PÀIPEAR-TAICE	93
SEIRBHEIS NAN STAITISTIG AN ALBA	101

RO-RÀDH

1. Anns an aithisg seo tha lèir-sgrùdadh de fhreagairtean nan ceistean mu Ghàidhlig ann an Cunntas-sluaigh 2001. Tha ceistean air a' Ghàidhlig air a bhith ann an Cunntasan-sluaigh a' dol air ais chun na 19mh linn. Ann an Cunntasan-sluaigh suas gu agus a' gabhail a-steach 1961, bha ceistean air am faighneachd a thaobh an robh daoine a' bruidhinn Gàidhlig a-mhàin no a' bruidhinn gach cuid Gàidhlig agus Beurla. Leudaich Cunntas-sluaigh 1971 seo le faighneachd, airson a' chiad uair, am b' urrainn do dhaoine leughadh Gàidhlig agus cuideachd am b' urrainn dhaibh a sgrìobhadh. Ann an 1981 agus 1991, bha an iomradh air bruidhinn "Gàidhlig agus Beurla" air a thoirt às, agus chaidh iarraidh air luchd-freagairt dìreach comharrachadh an robh iad a' bruidhinn, a' leughadh no a' sgrìobhadh Gàidhlig (no measgachadh sam bith dhiubh sin).
2. Ann an Cunntas-sluaigh 2001, chaidh ceithir ceistean fhaighneachd do dhaoine mun Ghàidhlig - am b' urrainn dhaibh:
 - Tuigsinn Gàidhlig air a labhairt,
 - Bruidhinn Gàidhlig,
 - Leughadh Gàidhlig,
 - Sgrìobhadh Gàidhlig.

B' e 2001 a' chiad Chunntas-sluaigh anns an robh ceist mu chomas duine tuigsinn Gàidhlig air a labhairt. Leis nach robh a' cheist seo air a faighneachd ann an 1991, b' e prìomh bhuaidh an atharrachaidh ri foirm Cunntas-sluaigh 2001 gun tuir mòran a bharrachd de dhaoine gu robh beagan comais aca sa Ghàidhlig ann an 2001 an coimeas ri 1991.
3. Gun a' cheist ùr mu thuigsinn Gàidhlig air a labhairt, dh'fhoillsich an Cunntas-sluaigh crìonadh leantainneach anns an àireamh sa cheud de dhaoine an Alba is urrainn bruidhinn, leughadh no sgrìobhadh Gàidhlig. Do dhaoine aois 3 agus os a chionn, thuit seo bho 1.45 sa cheud den àireamh-sluaigh ann an 1991 gu 1.34 sa cheud ann an 2001. A dh'aindeoin an lùghdachadh iomlan seo, tha na mion-sgrùdaidhean anns an aithisg seo a' sealltainn beagan piseach air sgilean Gàidhlig am measg dhaoine nas òige na 16.
4. Bha Cunntas-sluaigh 2001 a' sireadh mion-fhiosrachadh mun Ghàidhlig airson a **h-uile** duine ach, ann an 1991, cha robh na ceistean air a' Ghàidhlig ach a-mhàin do dhaoine aois 3 agus os a chionn. Tha mòran de mhion-sgrùdaidhean 2001 anns an aithisg seo a' coimhead a-mhàin ris an àireamh-sluaigh aois 3 agus os a chionn, oir 's e beagan chloinne nas òige na 3 aig a bheil sgilean cànan agus cuideachd air sgàth 's gum faighear air coimeas nas fheàrr a dhèanamh eadar 1991 agus 2001.


5. Bha an abairt ‘beagan comais sa Ghàidhlig’ a’ bruidhinn air, ann an 1991, daoine comasach air bruidhinn, leughadh **no** sgrìobhadh Gàidhlig agus, ann an 2001, daoine comasach air bruidhinn, leughadh, sgrìobhadh no tuigsinn Gàidhlig air a labhairt. Faodar abairtean mar ‘comasach air bruidhinn Gàidhlig’ agus ‘a’ bruidhinn Gàidhlig’ a chleachdadh an àite a chèile anns an aithisg seo.

6. Anns an aithisg seo, tha Alba air a roinn ann an sia “ceàrnaidhean Gàidhlig”:

- Na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig de -
 - Na h-Eileanan Siar,
 - An t-Eilean Sgitheanach & Loch Aillse,
 - An Còrr den Ghàidhealtachd (ach a-mhàin An t-Eilean Sgitheanach & Loch Aillse),
 - Earra-Ghàidheal & Bòid,
 - Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile (eileanan Shiorrachd Àir a Tuath, ceann a tuath Pheairt & Ceann Rois agus roinnean comhairle ceann a tuath Shruighlea).
- An Còrr de dh’Alba.

Tha na ceàrnaidhean sin air an sealltainn ann am **Map 1** den aithisg seo agus tha fiosrachadh iomlan air a thoirt sa **Phàipear-taice**.

Map 1 : Roinnean ùghdarras ionadail is roinnean le Gàidhlig



- Na h-Eileanan Siar
- An t-Eilean Sgitheanach & Loch Aillse
- An Còrr den Ghàidhealtachd
- Earra-Ghàidheal & Bòid
- Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile
- An Còrr de dh'Alba

Sealtainn

Arcaibh

Na h-Eileanan Siar

- 1 Siorrachd Chlach Mhanainn
- 2 An Eaglais Bhreac
- 3 Siorrachd Dùn Bhreatainn an Iar
- 4 Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear
- 5 Siorrachd Lannraig a Tuath
- 6 Dùn Èideann
- 7 Inbhir Chluaidh
- 8 Siorrachd Rinn Friù
- 9 Glaschu
- 10 Siorrachd Rinn Friù an Ear
- 11 Lodainn an Iar
- 12 Meadhan Lodainn
- 13 Siorrachd Lannraig a Deas
- 14 Siorrachd Inbhir Àir an Ear

Moireabh

A' Ghàidhealtachd

Siorrachd Obar Dheathain

Obar Dheathain

Aonghas

Peairt & Ceann Rois

Dùn Deagh

Earra-Ghàidheal is Bòid

Sruighlea

Fìobha

Lodainn an Ear

Siorrachd Inbhir Àir a Tuath

Na Crichean

Siorrachd Inbhir Àir a Deas

Dùn Phris & Gallghaidhealaibh

GEÀRR-CHUNNTAS

7. Ann an Alba :-

- Bha beagan comais sa Ghàidhlig aig 92,400 daoine aois 3 agus os a chionn (1.9 sa cheud den àireamh-sluaigh) ann an 2001.
- Chaidh an àireamh de dhaoine aois 3 agus os a chionn comasach air bruidhinn Gàidhlig sìos 11 sa cheud eadar 1991 agus 2001. Mheudaich an àireamh a b' urrainn leughadh Gàidhlig 7½ sa cheud agus mheudaich an àireamh comasach air sgrìobhadh Gàidhlig 10 sa cheud anns an aon ùine.
- Thuit an àireamh de dhaoine a b' urrainn bruidhinn, leughadh **no** sgrìobhadh Gàidhlig 6 sa cheud eadar 1991 agus 2001. Ach, taobh a-staigh na buidhne seo, dh'èirich an àireamh le comas Gàidhlig nas motha, a b' urrainn an cànan a bhruidhinn, a leughadh **agus** a sgrìobhadh, 6 sa cheud anns an aon ùine.
- Ann an 2001, thuirt 26,700 daoine gu robh iad comasach air tuigsinn Gàidhlig air a labhairt ach nach b' urrainn dhaibh a bruidhinn, a leughadh **no** a sgrìobhadh.
- B' e luchd-labhairt Gàidhlig a bha ann an 63 sa cheud de dhaoine le beagan comais sa Ghàidhlig ann an 2001.
- Bha beagan meudachaidh anns a' chuibhreann de dhaoine aois 3-24 a' bruidhinn Gàidhlig eadar 1991 agus 2001. Bha seo air a chuideachadh leis a' mheudachadh a bha, airson gach aois bho 5 gu 9, anns gach cuid an àireamh agus a' chuibhreann a' bruidhinn Gàidhlig.
- Ann an 2001, airson an fheadhainn aois 3 & os a chionn, bha neach-labhairt Gàidhlig mu 5 bliadhna agus 8 mìosan nas sine na ball cuibheasach den àireamh-sluaigh.
- Thug 1.8 sa cheud de dhaoine le comas sa Ghàidhlig an cinneadh mar neo-gheal ann an 2001, an coimeas ri 2.0 sa cheud airson an àireamh-sluaigh gu h-iomlan anns a' bhliadhna sin.
- Bha clann aois 3-15 ann an 2001 nas buailtiche Gàidhlig a bhruidhinn nuair a bha ceann an teaghlach ag obair ann an dreuchdan seirbheis pearsanta agus cuideachd na neach-labhairt Gàidhlig.
- Am measg dhaoine fo aois 55 ann an 2001, bha an fheadhainn air an robh tinneas bacaidh fad-ùine nas buailtiche a' Ghàidhlig a bhith aca na an fheadhainn gun tinneas bacaidh fad-ùine.
- Ann an 2001, bha luchd-cùraim nas buailtiche comas sa Ghàidhlig a bhith aca na daoine nach robh nan luchd-cùraim.
- Bha ìrean theisteanas na b' fheàrr aig daoine le beagan eòlas Gàidhlig ann an 2001 na bha aig daoine gun eòlas Gàidhlig.

- Ged a bha barrachd dhaoine aois 12-15 bliadhna anns an àireamh-sluaigh le Gàidhlig na bha am measg daoine gun Ghàidhlig ann an 2001, cha robh daoine aois 3 & 4 bliadhna cho bitheanta.

8. Anns Na h-Eileanan Siar:-

- Ann an 2001, bha beagan comais sa Ghàidhlig aig 72 sa cheud de dhaoine aois 3 agus os a chionn – barrachd air roinn ùghdarras ionadail no ceàrnaidh Ghàidhlig sam bith eile.
- Chailleadh còigeamh earrann den àireamh luchd-labhairt Gàidhlig eadar 1991 agus 2001. Thuit àireamhan a b' urrainn leughadh Gàidhlig gu mòr cuideachd anns an aon ùine, agus na h-àireamhan a tha comasach air sgrìobhadh Gàidhlig.
- Ann an 2001, bha a-mhàin 13 sa cheud (an ìre a b' isle am measg roinnean comhairle) de dhaoine le beagan comais sa Ghàidhlig comasach air tuigsinn Gàidhlig air a labhairt ach cha robh iad comasach air a bruidhinn, a leughadh **no** a sgrìobhadh.
- B' urrainn do 49 sa cheud den fheadhainn le beagan eòlais air Gàidhlig a bruidhinn, a leughadh **agus** a sgrìobhadh ann an 2001 – an ìre a b' àirde de na ceàrnaidhean Gàidhlig gu lèir.
- Thuit an àireamh agus an àireamh sa cheud de dhaoine a' bruidhinn Gàidhlig eadar 1991 agus 2001 airson a h-uile buidheann aoise. Bha tuiteam air leth mòr de 53 sa cheud anns an àireamh de luchd-labhairt aois 15-24 bliadhna.
- Ann an 2001, ann an teaghlaichean far an robh càraid pòsta leis an duine agus a' bhean a' bruidhinn Gàidhlig bha 78 sa cheud den chloinn a' bruidhinn a' chànain cuideachd.
- B' ann aig sgìre Bharabhais, ann an iar-thuath nan Eilean Siar, a bha a' chuibhreann a b' àirde de luchd-labhairt Gàidhlig ann an Alba gu lèir (75 sa cheud ann an 2001 agus 87 sa cheud ann an 1991).
- Lean imrich eadar na h-Eileanan Siar agus ceàrnaidhean eile de dh'Alba gu call de 161 luchd-labhairt Gàidhlig – barrachd air 1 sa cheud den àireamh-sluaigh le Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar.

9. Anns an Eilean Sgitheanach & Loch Aillse :-

- Bha beagan comais sa Ghàidhlig aig 43 sa cheud de dhaoine aois 3 agus os a chionn ann an 2001 – barrachd air ceàrnaidh Ghàidhlig sam bith eile ach na h-Eileanan Siar.
- Chaidh an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig sìos 15 sa cheud eadar 1991 agus 2001 agus an àireamh a b' urrainn leughadh Gàidhlig sìos beagan, ach dh'èirich an àireamh comasach air sgrìobhadh Gàidhlig 8 sa cheud.
- Ann an 2001, bha 47 sa cheud den fheadhainn le beagan eòlais air Gàidhlig a b' urrainn a bruidhinn, a leughadh **agus** a sgrìobhadh, dìreach beagan na b' isle na anns na h-Eileanan Siar.

- Dh'èirich a' chuibhreann de dhaoine aois 10-14 agus 15-24 bliadhna a bha a' bruidhinn Gàidhlig eadar 1991 agus 2001, agus thuit a' chuibhreann anns a h-uile buidheann aoise eile.
- Ann an 2001, ann an teaghlaichean far an robh càraid pòsta leis an duine agus a' bhean a' bruidhinn Gàidhlig bha 78 sa cheud (an t-aon chuibhreann ris na h-Eileanan Siar) den chloinn a' bruidhinn a' chànain cuideachd.
- B' e sgìre Chille Mhoire aig an robh a' chuibhreann a bu mhotha de luchd-labhairt anns an Eilean Sgitheanach & Loch Aillse gach cuid ann an 2001 agus 1991 – 57 agus 73 sa cheud, fa leth.

10. **Annas A' Chòrr den Ghàidhealtachd (ach a-mhàin An t-Eilean Sgitheanach & Loch Aillse) :-**

- Bha beagan comais sa Ghàidhlig aig 7 sa cheud de dhaoine aois 3 agus os a chionn ann an 2001.
- Thuit an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig 13 sa cheud eadar 1991 agus 2001. Ach, mheudaich an àireamh a b' urrainn leughadh Gàidhlig agus an fheadhainn comasach air a' chànan a sgrìobhadh 11 agus 17 sa cheud, fa leth.
- Dh'èirich a' chuibhreann de dhaoine aois 3-4, 5-9 agus 15-24 bliadhna a bha a' bruidhinn Gàidhlig eadar 1991 agus 2001, agus b' e tuiteam a rinn a h-uile buidheann aoise eile.
- B' ann aig sgìre na Comraich a bha a' chuibhreann a bu mhotha de luchd-labhairt anns A' Chòrr den Ghàidhealtachd gach cuid ann an 2001 agus 1991, ged a thuit seo gu mòr anns an ùine sin, bho 31 sa cheud gu 19 sa cheud.

11. **Ann an Earra-Ghàidheal & Bòid :-**

- Bha beagan comais sa Ghàidhlig aig 7 sa cheud de dhaoine aois 3 agus os a chionn ann an 2001.
- Thuit an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig 15 sa cheud eadar 1991 agus 2001. Ach, bha meudachadh beag de 3 agus 5 sa cheud, fa leth, anns an àireamh a b' urrainn leughadh Gàidhlig agus an àireamh a b' urrainn an cànan a sgrìobhadh.
- Airson daoine nas òige, bho 3 gu 24, mheudaich a' chuibhreann a' bruidhinn Gàidhlig. Bha e a cheart-aghaidh sin airson nan daoine aois 25 agus os a chionn.
- B' e a-mhàin 55 sa cheud de dhaoine aois 3 agus os a chionn le beagan comais sa Ghàidhlig ann an 2001 a bha aois 16-64 – an ìre a b' ìsle ann an roinn comhairle sam bith an Alba.

- Bha sgìre Thiriodh fada air thoiseach anns a' chuibhreann de luchd-labhairt ann an Earra-Ghàidheal & Bòid gach cuid ann an 2001 agus 1991 - 58 agus 49 sa cheud, fa leth. Ann an 2001, cha robh sgìre sam bith eile anns an robh barrachd air 30 sa cheud den àireamh-sluaigh a' bruidhinn a' chànain.

12. Anns na **Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile** :-

- Bha beagan comais sa Ghàidhlig aig 4½ sa cheud de dhaoine aois 3 agus os a chionn ann an 2001.
- B' e seo an t-aon cheàrnaidh Gàidhlig far an do dh'èirich an àireamh de luchd-labhairt (1 sa cheud) eadar 1991 agus 2001. Mheudaich an àireamh a bha ga leughadh agus an àireamh a bha ga sgrìobhadh cuideachd –6 agus 3 sa cheud, fa leth.
- Bha àrdachadh mòr anns gach cuid a' chuibhreann agus an àireamh de dhaoine aois 5-9 bliadhna a bha a' bruidhinn Gàidhlig eadar 1991 agus 2001. Mheudaich an àireamh de luchd-labhairt a chòig uiread bho 29 gu 146, agus mheudaich a' chuibhreann bho 2 sa cheud gu 10½ sa cheud.
- Mar thoradh air seo, mheudaich an àireamh de luchd-labhairt aois 3-24 36 sa cheud eadar 1991 agus 2001.
- Am measg cheàrnaidhean Gàidhlig ann an 2001, b' ann a-mhàin anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile a bha aois chuibheasach neach-labhairt Gàidhlig (38 bliadhna) nas ìsle na aois chuibheasach an àireamh-sluaigh (45 bliadhna). Ann an 1991, cha mhòr gu robh eadar-dhealachadh sam bith san dà aois chuibheasach sin.

13. Anns **A' Chòrr de dh'Alba** :-

- Bha beagan comais sa Ghàidhlig aig beagan a bharrachd air 1 sa cheud de dhaoine aois 3 agus os a chionn ann an 2001.
- Ged a thuit an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig 3 sa cheud eadar 1991 agus 2001, bha meudachadh fìor mhòr san àireamh a b' urrainn leughadh Gàidhlig agus an fheadhainn a bha comasach air sgrìobhadh a' chànain, 31 agus 27 sa cheud, fa leth.
- Dh'fhuirich a' chuibhreann de luchd-labhairt mar a bha e eadar 1991 agus 2001. Mheudaich an àireamh de luchd-labhairt aois 3-24 1,000 (22 sa cheud) eadar 1991 agus 2001, ach thuit àireamhan airson an fheadhainn aois 25 agus os a chionn.
- Ann an 2001, bha 36 sa cheud den fheadhainn le beagan eòlais air Gàidhlig comasach air tuigsinn a' chànain air a labhairt ach cha robh air a bhruidhinn, a leughadh **no** a sgrìobhadh – an ìre a b' àirde de na ceàrnaidhean Gàidhlig gu lèir.

- Fhuair roinn An Còrr de dh'Alba mòran a bharrachd de imrichean le Gàidhlig bho àiteachan eile an Alba, a' cur co-ionann ri barrachd air 1 sa cheud ris an àireamh-sluaigh le Gàidhlig aige tro imrich anns a' bhliadhna ron Chunntas-sluaigh.
- Ann an 2001, ann an teaghlaichean càraid pòsta far an robh an duine agus a' bhean a' bruidhinn Gàidhlig bha 54 sa cheud den chloinn a' bruidhinn a' chànain cuideachd. Bha a' chuibhreann seo gu math na b' ìsle na airson nam prìomh cheàrnaidhean Gàidhlig.

AITHRIS

Earrann 1 : Bruidhinn, leughadh, sgrìobhadh agus tuigsinn Gàidhlig

Comasan cànan an Alba (Clàir 1 & 2A)

14. Ann an 2001, bha beagan comais sa Ghàidhlig aig timcheall air 92,400 (1.9 sa cheud) den 4.9 millean neach-còmhnaidh an Alba aois a trì agus os a chionn a thaobh 's gum b' urrainn dhaibh bruidhinn, leughadh, sgrìobhadh no tuigsinn Gàidhlig air a labhairt (**Clàr 2A**).
15. B' urrainn do 58,700 daoine (1.2 sa cheud) bruidhinn Gàidhlig, b' urrainn do 45,300 (0.9 sa cheud) leughadh Gàidhlig, b' urrainn do 33,800 (0.7 sa cheud) sgrìobhadh Gàidhlig agus b' urrainn do 78,400 (1.6 sa cheud) tuigsinn Gàidhlig air a labhairt (**Clàr 1**).
16. Bha timcheall air 65,700 daoine aois 3 agus os a chionn comasach air bruidhinn, leughadh **no** sgrìobhadh Gàidhlig ann an 2001 (1.3 sa cheud den àireamh-sluaigh). Bha seo air lùghdachadh bho 69,500 (1.4 sa cheud den àireamh-sluaigh) ann an 1991.
17. Dh'èirich an àireamh de dhaoine a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh **agus** a sgrìobhadh 6 sa cheud eadar 1991 agus 2001, bho 29,450 gu 31,200 (**Clàr 2A**).
18. B' e dìreach treas earrann den fheadhainn le beagan eòlais air Gàidhlig ann an 2001 a b' urrainn a bruidhinn, a leughadh **agus** a sgrìobhadh.
19. Chaidh an àireamh a b' urrainn leughadh Gàidhlig ach nach b' urrainn a bruidhinn no a sgrìobhadh suas faisg air a dhà uimhir anns an aon ùine, bho 2,400 gu 4,700.
20. Chaidh an àireamh de dhaoine aois 3 agus os a chionn comasach air bruidhinn Gàidhlig sìos 11 sa cheud, bho 66,000 ann an 1991 gu 58,700 ann an 2001 (**Clàr 1**). Cha robh an call seo ann an luchd-labhairt Gàidhlig cho mòr ris a' chall a chaidh a chlàradh eadar Cunntasan-sluaigh 1981 agus 1991, nuair a thuit àireamhan 17 sa cheud, bho 79,300 gu 66,000.
21. Mheudaich an àireamh den t-sluaigh a bha a' leughadh Gàidhlig 7½ sa cheud bho 1991 agus mheudaich an àireamh comasach air sgrìobhadh Gàidhlig 10 sa cheud anns an aon ùine.
22. Anns an dà phrìomh mheasgachadh eile de chomas cànan, 's e sin "a' bruidhinn ach nach eil a' leughadh no a' sgrìobhadh Gàidhlig" agus "a' bruidhinn agus a' leughadh ach nach urrainn sgrìobhadh Gàidhlig", bha tuiteam anns an àireamh de dhaoine bho 1991, de 29 agus 16 sa cheud, fa leth (**Clàr 2A**).
23. Ann an 2001, thuir 26,700 daoine (0.5 sa cheud den àireamh-sluaigh) gu robh iad comasach air tuigsinn Gàidhlig air a labhairt ach nach b' urrainn dhaibh a bruidhinn, a leughadh **no** a sgrìobhadh.
24. Tha sin a' ciallachadh gun deach an àireamh de dhaoine le beagan eòlais air Gàidhlig (bruidhinn a-mhàin) sìos eadar 1991 agus 2001, ach mheudaich an àireamh le eòlas na bu doimhne (a b' urrainn leughadh no sgrìobhadh).

Comasan cànan aig ìrean ùghdarras ionadail agus ceàrnaidh Gàidhlig

(Clàir 1, 2A & 2B agus Cairt 1)

25. Sheall 22 roinnean comhairle meudachadh anns an àireamh de dhaoine comasach air bruidhinn, leughadh **no** sgrìobhadh Gàidhlig bho 1991 (**Clàr 1**). Bha am meudachadh a bu mhotha, de timcheall air treas cuid, ann am Baile Obar Dheathain. Dh'fhaodadh seo a bhith mar thoradh air gu bheil mòran dhaoine à ceàrnaidhean Gàidhlig a' dol gu oilthigh no colaiste ann an Obar Dheathain agus, ann an Cunntas-sluaigh 2001, bha oileanaich air an cunntadh aig an t-seòladh àm-teirm aca ach, ann an 1991, bha iad air an cunntadh aig seòladh na dachaigh aca.
26. Sheall a dhà-dheug de na roinnean ùghdarras ionadail meudachadh bho 1991 anns an àireamh de dhaoine comasach air bruidhinn Gàidhlig, leis a' mheudachadh a bu mhotha (cairteal) a-rithist ann am Baile Obar Dheathain.
27. B' e na h-Eileanan Siar an roinn ùghdarras ionadail anns an robh beagan comais sa Ghàidhlig aig cuibhreann fada na bu mhotha de dhaoine (72 sa cheud) (**Clàr 2A**). B' e Roinn na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal & Bòid na h-ath chuibhreannan a bu mhotha, le 9 agus 7 sa cheud, fa leth. Rinn na trì ceàrnaidhean sin gu h-iomlan suas airson 47 sa cheud den àireamh iomlan de dhaoine an Alba comasach air bruidhinn, leughadh, sgrìobhadh no tuigsinn Gàidhlig air a labhairt.
28. Gun na daoine a bha a-mhàin a' tuigsinn Gàidhlig, bha 52 bha sa cheud den h-uile duine a bha comasach air bruidhinn, leughadh **no** sgrìobhadh Gàidhlig a' fuireach anns na h-Eileanan Siar, Roinn na Gàidhealtachd no Earra-Ghàidheal & Bòid (**Clàr 1**). Ach, bha a' chuibhreann seo mòran na b' àirde (58 sa cheud) ann an 1991, a' sealltainn gu robh an crìonadh anns na h-àireamhan a' bruidhinn, a' leughadh no a' sgrìobhadh anns na prìomh sgìrean Gàidhlig sin nas motha na an crìonadh an Alba san fharsaingeachd.
29. Sheall na h-Eileanan Siar an crìonadh a bu mhotha anns an àireamh agus an àireamh sa cheud den àireamh-sluaigh comasach air bruidhinn, leughadh **no** sgrìobhadh Gàidhlig bho 1991. Thuit àireamhan bho 19,700 gu 16,000, no bho 69 sa cheud gu 62 sa cheud den àireamh-sluaigh.
30. Bha 29 sa cheud de dhaoine le beagan comais sa Ghàidhlig an Alba comasach air tuigsinn Gàidhlig air a labhairt ach cha robh air a bruidhinn, a leughadh **no** a sgrìobhadh (**Clàr 2A** agus **Cairt 1**). Am measg roinnean comhairle, bha am figear seo aig an ìre a b' isle buileach anns na h-Eileanan Siar, aig 13 sa cheud, a' sealltainn gu robh eòlas na b' fheàrr aig mòran dhaoine air Gàidhlig. B' e Roinn na Gàidhealtachd an t-aon roinn comhairle eile far an robh am figear seo (26 sa cheud) nas isle na àireamh chuibheasach na h-Alba (**Clàr 2A**).
31. Bha sia roinnean comhairle anns am b' urrainn do 40 sa cheud no barrachd de dhaoine le beagan comais sa Ghàidhlig tuigsinn Gàidhlig air a labhairt ach nach robh comasach air a bruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh. B' iad sin Siorrachd Obar Dheathain, Siorrachd Àir an Ear, An Eaglais Bhreac, Fìobha, Siorrachd Lannraig a Tuath agus Dùn Breatainn an Iar.

32. Anns na h-Eileanan Siar agus an t-Eilean Sgitheanach & Loch Aillse, b' urrainn do faisg air dàrna leth an fheadhainn le beagan eòlais air Gàidhlig a bruidhinn, a leughadh **agus** a sgrìobhadh ann an 2001 (**Cairt 1** agus **Clàr 2B**). Am measg cheàrnaidhean Gàidhlig, bha am figear seo aig an ìre a b' ìsle ann an roinn An Còrr de dh'Alba (27 sa cheud).
33. Eadar-dhealaichte ri sin, ann an roinn An Còrr de dh'Alba, bha 36 sa cheud den fheadhainn le beagan eòlais air Gàidhlig comasach air tuigsinn a' chànan air a labhairt ach cha robh air a bruidhinn, a leughadh **no** a sgrìobhadh – an ìre a b' àirde de na ceàrnaidhean gu lèir. Bha a' chuibhreann seo aig an ìre a b' ìsle anns na h-Eileanan Siar agus san Eilean Sgitheanach & Loch Aillse, aig 13 agus 18 sa cheud, fa leth.

Comasan cànan aig ìre sgìre chatharra (Clàr 3 agus Mapaichean 2 & 3)

34. Dh'fhoillsich an Cunntas-sluaigh lùghdachadh anns an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig aois 3 agus os a chionn bho 1991 ann an timcheall air dhà às gach trì de sgìrean catharra anns na prìomh cheàrnaidhean Gàidhlig (**Clàr 3**).
35. B' e sgìrean a' phrìomh cheàrnaidh Ghàidhlig ann an roinn comhairle Shruighlea a-mhàin a sheall meudachadh anns an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig - bho 203 ann an 1991 gu 233 ann an 2001.
36. Anns na h-Eileanan Siar, sheall a h-uile sgìre chatharra lùghdachadh anns an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig bho 1991. Ann an sgìre Uibhist a Deas, ged a bha tuiteam anns na h-àireamhan a' bruidhinn Gàidhlig, dh'èirich a' chuibhreann den àireamh-sluaigh a bha nan luchd-labhairt.
37. Bha an tuiteam anns an àireamh den luchd-labhairt gu lèir anns na h-Eileanan Siar eadar 1991 agus 2001 gu sònraichte mothachail ann an sgìrean nan Loch agus Bharabhais, ged a b' e Barabhas fhathast an sgìre an Alba leis a' chuibhreann a b' àirde de luchd-labhairt Gàidhlig.
38. Chunnaic a h-uile sgìre chatharra ann an roinn an Eilean Sgitheanaich & Loch Aillse tuiteam anns a' chuibhreann den àireamh-sluaigh a' bruidhinn Gàidhlig. Ann an sgìre Shlèite, ged a thuit a' chuibhreann, mheudaich an fhìor àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig.
39. Ann an roinn An Còrr den Ghàidhealtachd, b' i sgìre chatharra na Comraich aig an robh a' chuibhreann a b' àirde de luchd-labhairt Gàidhlig gach cuid ann an 1991 agus 2001. Ach, thuit a' chuibhreann gu ìre fìor mhòr bho 31 sa cheud ann an 1991 gu 19 sa cheud ann an 2001. Cha robh ach sia sgìrean anns A' Chòrr den Ghàidhealtachd le barrachd air 15 sa cheud de dhaoine aois 3 agus os a chionn a' bruidhinn Gàidhlig ann an 2001.
40. Taobh a-staigh roinn comhairle Earra-Ghàidheil & Bhòid, bha cuibhreann fada na b' àirde de dhaoine a bha nan luchd-labhairt Gàidhlig ann an sgìre Thiriodh, ged a bha tuiteam ann eadar 1991 agus 2001, bho 58 sa cheud gu 49 sa cheud.
41. Anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile, b' iad sgìrean Cheannmhòir agus Dul aig an robh na cuibhreannan a b' àirde a' bruidhinn Gàidhlig, ged a bha gach cuibhreann na b' ìsle na 8 sa cheud.

42. B' ann sna h-Eileanan Siar a bha a h-uile sgìre le 60 sa cheud aig a' char as lugha de dhaoine aois 3 & os a chionn a' bruidhinn Gàidhlig ann an 2001 (**Map 2**).
43. Bha cha mhòr a h-uile sgìre le 5 sa cheud aig a' char as lugha de na h-àireamhan-sluaigh aca a' bruidhinn Gàidhlig ann an 2001 ann an iar-thuath na h-Alba. B'e na h-aon fheadhainn mu nach robh seo fìor buidhnean beaga de sgìrean timcheall air Inbhir Nis agus ann am pàirtean dùthchail de Pheairt & Ceann Rois agus Sruighlea.
44. Ged nach robh sgìrean sam bith ann an 2001 far an robh barrachd air trì chairteal de dhaoine aois 3 & os a chionn a' bruidhinn Gàidhlig, bha sia sgìrean mar sin ann an 1991 (**Map 3**). Bha na sia sgìrean sin uile anns na h-Eileanan Siar.
45. Ann an 2001, bha 21 sgìrean an Alba far an robh còigeamh cuid aig a' char as lugha den àireamh-sluaigh aois 3 & os a chionn a' bruidhinn Gàidhlig. Ann an 1991, bha an àireamh seo na b' àirde, aig 28. A-mach às na 28 sgìrean sin, sheall a h-uile gin dhiubh ach aon (Uibhist a Deas) lùghdachadh eadar 1991 agus 2001 anns a' chuibhreann a' bruidhinn Gàidhlig.

Earrann 2 : Pàtran-sluaigh

Aois agus gnè (Clàr 4 agus Cairtean 2 & 3)

46. Ann an 2001, b' urrainn do 63 sa cheud de dhaoine le beagan comais sa Ghàidhlig bruidhinn Gàidhlig (**Clàr 4**). Bha eadar-dhealachadh mòr an seo, bho 85 sa cheud anns na h-Eileanan Siar gu 53 sa cheud ann an roinn An Còrr de dh'Alba.
47. Cha robh eadar-dhealachadh sam bith anns an àireamh sa cheud de fhir agus mhnathan aig an robh beagan comais sa Ghàidhlig, leis an dà àireamh aig 1.8 sa cheud de shluagh na h-Alba.
48. Ach, anns na prìomh cheàrnaidhean Gàidhlig, bha comas Gàidhlig aig cuibhreann na b' àirde de mhnathan na fir. Bha seo gu sònraichte fìor ann an roinn An Còrr den Ghàidhealtachd, far an do rinn boireannaich suas 51 sa cheud den àireamh-sluaigh ach mòran a barrachd (56 sa cheud) den fheadhainn le comas Gàidhlig.
49. Ged a bha 70 sa cheud de dh'àireamh-sluaigh na h-Alba aois 25 agus os a chionn ann an 2001, bha 78 sa cheud den fheadhainn le beagan comas Gàidhlig anns a' ghnè aoise seo.
50. Anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile, bha 75 sa cheud den àireamh-sluaigh aois 25 agus os a chionn. Bha seo an coimeas ri a-mhàin 66 sa cheud do dhaoine sa cheàrnaidh seo le comas Gàidhlig. Bha seo gu mòr mar thoradh air, ged a b' e dìreach 5 sa cheud den àireamh-sluaigh a bha aois 5-9, gu robh 16 sa cheud den fheadhainn le beagan comas Gàidhlig anns a' bhuidheann aoise seo.
51. Rinn daoine aois 3-15 bliadhna suas timcheall air an aon chuibhreann de dh'àireamh-sluaigh na h-Alba ann an 1991 agus ann an 2001, ach dh'èirich a' chuibhreann de dhaoine den aois sin a b' urrainn bruidhinn, leughadh no sgrìobhadh Gàidhlig faisg air 2 phuing sa cheud (**Cairt 2**). A dh'aindeoin sin, anns gach bliadhna, bha a' chuibhreann den àireamh-sluaigh sa bhuidheann aoise seo fhathast na b' àirde na a' chuibhreann den fheadhainn a' bruidhinn, a' leughadh no a' sgrìobhadh Gàidhlig. Tha seo a rèir an fhiosrachaidh ann an **Clàr 8**, a tha a' sealltainn, ged a bha luchd-labhairt Gàidhlig sa chuibheasachd nas òige ann an 2001 na ann an 1991, gu bheil iad fhathast nas sine na an àireamh-sluaigh san fharsaingeachd.
52. Ann an 2001, bha 12 sa cheud den fheadhainn in Alba aois 3 agus os a chionn le beagan comais sa Ghàidhlig aois 3-15 (**Cairt 3**). Aig ìre ùghdarras ionadail, bha seo aig an ìre a b' àirde ann an Sruighlea (24 sa cheud) agus aig an ìre a b' ìsle ann an Siorrachd Àir a Deas (4 sa cheud).
53. Bha dithis às gach triùir den fheadhainn aois 3 agus os a chionn le beagan comais sa Ghàidhlig aig aois eadar 16 agus 64. Chaidh seo bho 83 sa cheud ann am Baile Obar Dheathain gu 55 sa cheud ann an Earra-Ghàidheal & Bòid.

Atharrachadh ann am bruidhinn Gàidhlig eadar 1991 agus 2001 a rèir buidheann aoise (Clàr 5)

54. Thuit an àireamh sa cheud de dhaoine aois 3 agus os a chionn a' bruidhinn Gàidhlig bho 1.4 gu 1.2 sa cheud.

55. Mheudaich a' chuibhreann de dhaoine aois 5-9 a' bruidhinn Gàidhlig, ach thuit a' chuibhreann aois 3-4 agus 25 & os a chionn.
56. Anns na h-Eileanan Siar, thuit gach cuid an àireamh agus an àireamh sa cheud ga bruidhinn airson a h-uile buidheann aoise. Bha tuiteam fìor mhòr de 53 sa cheud anns an àireamh de luchd-labhairt aois 15-24 bliadhna – mòran nas motha na an lùghdachadh anns an àireamh-sluaigh de dhaoine aois 15-24 bliadhna (38 sa cheud).
57. Anns an Eilean Sgitheanach & Loch Aillse, bha meudachadh anns a' chuibhreann de dhaoine aois 10-14 agus 15-24 bliadhna a' bruidhinn ach tuiteam airson a h-uile buidheann aoise eile.
58. Anns a h-uile ceàrnaidh ach a-mhàin na h-Eileanan Siar agus an t-Eilean Sgitheanach & Loch Aillse, mheudaich a' chuibhreann de dhaoine aois 3-4 agus 5-9 bliadhna a' bruidhinn Gàidhlig – gu h-àraidh am measg dhaoine aois 5-9 bliadhna anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile, far an do mheudaich e bho 2 sa cheud ann an 1991 gu 10½ sa cheud ann an 2001.

Daoine fo aois 24 (Clàr 6 & 7)

59. B' e an àireamh sa cheud de dhaoine aois eadar 0 agus 24 a bha a' bruidhinn Gàidhlig (**Clàr 6**) 0.9 sa cheud – nas isle na an àireamh chuibheasach de 1.2 sa cheud airson an àireamh-sluaigh gu h-iomlan.
60. Airson daoine aois 3-24 bliadhna, thuit an àireamh de dhaoine a' bruidhinn Gàidhlig 4½ sa cheud eadar 1991 agus 2001. Ach, leis gun do thuit an àireamh-sluaigh iomlan de dhaoine aois 3-24 bliadhna 6 sa cheud anns an ùine seo, bha beagan meudachaidh anns a' **chuibhreann** de dhaoine aois 3-24 bliadhna a tha a' bruidhinn a' chàin.
61. Airson aoisean 5-9, mheudaich na fìor àireamhan de luchd-labhairt Gàidhlig agus an àireamh sa cheud den àireamh-sluaigh comasach air bruidhinn Gàidhlig bho 1991. A dh'aindeoin seo, mar a chithear ann an **Clàr 5**, bha a' chuibhreann de dhaoine aois 5-9 bliadhna a' bruidhinn Gàidhlig fhathast mòran na b' isle na an aois chuibheasach airson sluaigh na h-Alba.
62. Thuit an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig aois 3-24 600 eadar 1991 agus 2001 (**Clàr 7**). Ach, dh'èirich àireamhan anns a h-uile ceàrnaidh Gàidhlig an Alba, ach a-mhàin An Còrr den Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan Siar, far an robh tuiteam de 12 agus 1,855 fa leth.
63. B' e am meudachadh sa cheud a bu mhotha anns an àireamh de luchd-labhairt 36 sa cheud anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile.

Aoisean cuibheasach (Clàir 8 & 9 agus Cairt 4)

64. Ann an 1991, airson an fheadhainn aois 3 & os a chionn, bha neach-labhairt Gàidhlig an Alba mu 7 bliadhna 3 mìosan nas sine na an àireamh-sluaigh san fharsaingeachd (**Clàr 8**). Mu 2001, bha an t-eadar-dhealachadh seo ann an aois air tuiteam beagan, gu timcheall air 5 bliadhna 8 mìosan.

65. Ged a dh'èirich aois chuibheasach na h-àireamh-sluaigh aois 3 agus os a chionn san fharsaingeachd beagan a bharrachd air bliadhna eadar 1991 agus 2001, thuit aois chuibheasach neach-labhairt Gàidhlig mu 4 mìosan.
66. Ann an 2001, chaidh aois chuibheasach neach-labhairt Gàidhlig bho 35.5 ann am Baile Obar Dheathain gu 52.2 ann an Inbhir Chluaidh. Ann am Baile Obar Dheathain, bha luchd-labhairt Gàidhlig 4 bliadhna nas òige na an àireamh-sluaigh san fharsaingeachd.
67. Sheall Sruighlea an lùghdachadh a bu mhotha ann an aois chuibheasach neach-labhairt Gàidhlig eadar 1991 agus 2001 leis am figear a' tuiteam barrachd air 8 bliadhna gu 37.1 bliadhna a dh'aois.
68. Anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile, bha aois chuibheasach neach-labhairt Gàidhlig nas ìsle na aois chuibheasach na h-àireamh-sluaigh ann an 2001 (**Cairt 4**).
69. Am measg nan ceàrnaidhean Gàidhlig, b' e Earra-Ghàidheal & Bòid aig an robh an aois chuibheasach a b' àirde airson neach-labhairt ann an 1991 – faisg air 50 bliadhna (**Clàr 9**). Tha seo an coimeas ri nas òige na 44 bliadhna a dh'aois airson nam Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile.
70. Bha an cunntas aoise airson nam Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile air leth follaiseach. Bha aois chuibheasach an àireamh-sluaigh faisg air 5 bliadhna nas sine na àireamh-sluaigh na h-Alba san fharsaingeachd. Ach, bha luchd-labhairt Gàidhlig anns na ceàrnaidhean sin gu gnàthach faisg air 8 bliadhna nas òige na luchd-labhairt Gàidhlig an Alba.

Suidheachadh pòsaidh (Clàr 10)

71. Anns an àireamh-sluaigh gu h-iomlan, eadar 1991 agus 2001, thuit a' chuibhreann de dh'inbhich a bha pòsta, ath-phòsta no dealaichte bho 58 gu 53 sa cheud. Anns an aon ùine, bha meudachadh de 4 agus 2 puingean sa cheud fa leth anns a' chuibhreann singilte agus air sgaradh o chèile, agus tuiteam 1 phuing sa cheud anns a' chuibhreann a bha nam bantraichean.
72. Bha a' chuibhreann de dhaoine le comas sa Ghàidhlig a bha nam bantraichean na b' àirde na airson an àireamh-sluaigh gu h-iomlan. Tha seo a' sealltainn gu bheil luchd-labhairt Gàidhlig, sa chuibheasachd, nas sine.
73. Bho 1991, bha meudachadh beag, bho 29 gu 32 sa cheud, anns a' chuibhreann de dhaoine le eòlas Gàidhlig a bha singilte. Ach, lùghdaich a' chuibhreann seo anns na h-Eileanan Siar.
74. Thuit a' chuibhreann de dhaoine le eòlas Gàidhlig a bha pòsta, ath-phòsta no dealaichte anns gach ceàrnaidh Gàidhlig, ach a-mhàin anns na h-Eileanan Siar.

Earrann 3 : Feartan cultarail

Dùthaich breith (Clàr 11 & Cairt 5)

75. Ann an 2001, rugadh àireamh sa cheud beagan na b' àirde de dhaoine aois 3 agus os a chionn le beagan comais sa Ghàidhlig an Alba (89 sa cheud) na airson sluagh na h-Alba gu h-iomlan (87 sa cheud) (**Clàr 11**). Airson luchd-labhairt Gàidhlig, bha a' chuibhreann seo aig 92 sa cheud.
76. Anns na h-Eileanan Siar, rugadh 97 sa cheud den fheadhainn a b' urrainn bruidhinn, leughadh no sgrìobhadh Gàidhlig ann an 2001 an Alba agus, anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile agus roinn An Còrr de dh'Alba, cha robh ach 86 agus 85 sa cheud, fa leth, air am breith an Alba (**Cairt 5**).
77. Sheall a h-uile ceàrnaidh tuiteam, eadar 1991 agus 2001, anns an àireamh sa cheud den fheadhainn comasach air bruidhinn, leughadh no sgrìobhadh Gàidhlig a rugadh an Alba. Chaidh an tuiteam seo bho dìreach 1 phuing sa cheud anns na h-Eileanan Siar gu faisg air 5 puingeann sa cheud ann an roinn An Còrr de dh'Alba.

Cinneadh (Clàr 12)

78. Bha 2.0 sa cheud de shluagh na h-Alba aois 3 & os a chionn bho chinnidhean neo-gheal ann an 2001. Bha cuibhreann glè choltach ri sin (1.8 sa cheud) de dhaoine le comas sa Ghàidhlig neo-gheal.
79. Anns na h-Eileanan Siar, Roinn na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal & Bòid, bha daoine neo-gheal nas bitheanta am measg an àireamh-sluaigh san fharsaingeachd na bha iad am measg an fheadhainn le comas sa Ghàidhlig. Ach, anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile agus roinn An Còrr de dh'Alba, bha e a cheart-aghaidh sin.
80. Ann an 2001, bha daoine neo-gheal an Alba an ire mhath a cheart cho buailteach comas a bhith aca sa Ghàidhlig ri daoine geal. Bha seo mar thoradh air, ged nach robh daoine neo-gheal anns na h-Eileanan Siar, Roinn na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal & Bòid faisg cho buailteach beagan comas Gàidhlig a bhith aca ri daoine geal, ann an roinn An Còrr de dh'Alba bha comas Gàidhlig aig 1.7 sa cheud de dhaoine neo-gheal an coimeas ri dìreach 1.0 sa cheud de dhaoine geala.
81. Anns an àireamh-sluaigh gu h-iomlan, mheudaich a' chuibhreann de dhaoine a bha neo-gheal bho 1.2 sa cheud ann an 1991 gu 2.0 sa cheud ann an 2001. Bha cuideachd meudachadh anns gach ceàrnaidh Ghàidhlig, ach a-mhàin Earra-Ghàidheal & Bòid. Am measg an fheadhainn le beagan comais sa Ghàidhlig, chaidh a' chuibhreann a bha neo-gheal suas barrachd air a dhà uiread, bho 0.7 sa cheud ann an 1991 gu 1.8 sa cheud ann an 2001. Mheudaich a' chuibhreann seo airson gach ceàrnaidh Ghàidhlig, ach a-mhàin An Còrr den Ghàidhealtachd.

Creideamh (Clàir 13 & 14)

82. Bha a' chuibhreann de dhaoine le beagan comais sa Ghàidhlig gun chreideamh sam bith nas lugha na airson sluagh na h-Alba san fharsaingeachd - 17 sa cheud an coimeas ri 28 sa cheud (**Clàr 13**). Bha seo fìor cuideachd airson gach ceàrnaidh Gàidhlig, gu sònraichte anns A' Chòrr den Ghàidhealtachd, far nach robh creideamh sam bith aig 27 sa cheud den àireamh-sluaigh aig an àm ach, airson an fheadhainn le comas sa Ghàidhlig, cha robh a' chuibhreann seo ach 16 sa cheud.
83. Aig ìre Alba, b' e daoine a bhuineadh aig an àm do "Creideamh Crìosdaidh Eile" a bu bhuailtiche comas sa Ghàidhlig a bhith aca.
84. Ann an Earra-Ghàidheal & Bòid, b' e daoine a bhuineadh do "Eaglais na h-Alba" a bu bhuailtiche beagan comas Gàidhlig a bhith aca, ach anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile agus roinn An Còrr de dh'Alba, b' e daoine ann an "Creideamh eile" a bu bhuailtiche.
85. Bha pàtrain co-ionann ann airson dhaoine nach deach an togail ann an creideamh sam bith (**Clàr 14**).

Earrann 4 : Gàidhlig ann an teaghlaichean (Clàir 15, 16 & 17)

86. Ann an 2001, bha dìreach os cionn 1.4 millean teaghlaichean an Alba, agus bha aon duine cloinne aois 3-15 aig a' char as lugha ann an 494 mìle (35 sa cheud) dhiubh (**Clàr 15**).
87. Bha 2,696 clann ann an teaghlaichean le càraid air an ceann (an dàrna cuid pòsta no a' fuireach còmhla), far an robh gach ball den chàraid a' bruidhinn Gàidhlig.
88. Anns na teaghlaichean le càraid pòsta far an robh gach pàrant nan luchd-labhairt Gàidhlig, bha 70 sa cheud den chloinn aois 3-15 cuideachd a' bruidhinn Gàidhlig. B' e am figear co-ionann bho 1991 78 sa cheud (Clàr 6 de dh'aithisg Chunntas-sluaigh 1991 *'1991 Census, Gaelic Language, Scotland'*).
89. Ann an teaghlaichean le càraid a' fuireach còmhla far an robh gach pàrant nan luchd-labhairt Gàidhlig, bha a' chuibhreann den chloinn aois 3-15 a' bruidhinn Gàidhlig, aig 68 sa cheud, glè choltach ris am figear airson teaghlaichean càraid pòsta.
90. Bha mu 3,600 teaghlaichean ann far an robh a' chlann eisimeileach gu lèir aois 3-15 a' bruidhinn Gàidhlig agus 1,600 teaghlaichean le cuid den chloinn a' bruidhinn Gàidhlig. Bha seo co-ionann ri 0.7 agus 0.3 sa cheud den àireamh iomlan de theaghlaichean le aon duine cloinne aig a' char as lugha aois 3-15.
91. Bha clann nas buailtiche Gàidhlig a bhruidhinn ma bha gach pàrant nan luchd-labhairt Gàidhlig no ma bha pàrant singilte na neach-labhairt Gàidhlig. Bha an àireamh sa cheud mòran na b' ìsle nuair a bha dìreach aon phàrant na neach-labhairt Gàidhlig agus neonitheach nuair nach robh gin de na pàrantan comasach air bruidhinn Gàidhlig – ach, anns an Eilean Sgitheanach & Loch Aillse, bha 26 sa cheud den chloinn ann an teaghlaichean càraid pòsta far nach robh gin de na pàrantan a' bruidhinn Gàidhlig comasach air bruidhinn Gàidhlig iad fhèin, agus anns na h-Eileanan Siar, bha 19 sa cheud comasach air sin a dhèanamh (**Clàr 16**).
92. Bha an àireamh sa cheud den chloinn le Gàidhlig ann an teaghlaichean càraid pòsta agus a' fuireach còmhla far an robh a-mhàin a' mhàthair na neach-labhairt Gàidhlig na b' àirde na teaghlaichean far an robh a-mhàin an t-athair na neach-labhairt Gàidhlig (**Clàr 15**). Air an làimh eile, ann an teaghlaichean pàrant singilte far an robh am pàrant na neach-labhairt Gàidhlig, bha pàiste ann an teaghlach athair singilte beagan na bu bhuailtiche Gàidhlig a bhruidhinn na bha pàiste ann an teaghlach màthair shingilte.
93. Sheall na h-Eileanan Siar agus An t-Eilean Sgitheanach & Loch Aillse an àireamh sa cheud a b' àirde de thar-chur eadar-ghinealach den Ghàidhlig (**Clàr 16**). Anns gach ceàrnaidh, ann an càraidean pòsta far an robh an duine agus a' bhean a' bruidhinn Gàidhlig, bha 78 sa cheud den chloinn a' bruidhinn a' chànain cuideachd. Airson An Còrr den Ghàidhealtachd, Earra-Ghàidheal & Bòid agus na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile, bha 62 sa cheud den chloinn nan luchd-labhairt Gàidhlig agus, airson roinn An Còrr de dh'Alba, bha e dìreach os cionn an dàrna leth.

94. Bha an àireamh sa cheud a b' àirde den chloinn aois 3-15 a' bruidhinn Gàidhlig nuair a bha ceann an teaghlaich na neach-labhairt Gàidhlig ag obair ann an dreuchdan seirbheis phearsanta (**Clàr 17**). Bha 48 sa cheud den chloinn ann an teaghlaichean leithid sin a' bruidhinn Gàidhlig – bha seo an coimeas ri dìreach 31 sa cheud far an robh ceann an teaghlaich ann an dreuchd seirbheis reic agus ceannachd agus na neach-labhairt Gàidhlig.
95. Anns na h-Eileanan Siar, b' urrainn do faisg air dithis às gach triùir den chloinn le ceann an teaghlaich na neach-labhairt Gàidhlig bruidhinn Gàidhlig iad fhèin cuideachd. Am measg theaghlaichean le ceann an teaghlaich ag obair mar mhanaidsear no àrd-oifigear, bha am figear seo aig trì-chairteal, agus airson teaghlaichean le ceann an teaghlaich ann an dreuchd seirbheis reic agus ceannachd, bha e na b' isle na an dàrna leth..
96. Anns A' Chòrr de dh'Alba, b' e a-mhàin 22 sa cheud den chloinn far an robh Gàidhlig aig ceann an teaghlaich a b' urrainn an cànan a bhruidhinn iad fhèin. Bha seo aig an ìre a b' àirde don chloinn far an robh ceann an teaghlaich ann an dreuchdan proifeiseanta (26 sa cheud) agus aig an ìre a b' isle don fheadhainn le ceann an teaghlaich ann an dreuchdan rianachd agus clèireachd (16 sa cheud).
97. Ann an teaghlaichean far nach robh ceann an teaghlaich a' bruidhinn Gàidhlig, b' e dìreach 0.5 sa cheud den chloinn a bha a' bruidhinn Gàidhlig. Chaidh seo bho 31 agus 25 sa cheud anns an Eilean Sgitheanach & Loch Aillse agus na h-Eileanan Siar gu 0.2 sa cheud airson A' Chòrr de dh'Alba.

Earrann 5 : Tinneas, slàinte agus frithealadh

Tinneas fad-ùine (Clàr 18)

98. Bha àireamh sa cheud na b' àirde de dhaoine le beagan comais sa Ghàidhlig air an robh tinneas bacaidh fad-ùine na ann an sluagh na h-Alba - 24 sa cheud an coimeas ri 20 sa cheud. Tha seo iomchaidh, oir tha an fheadhainn le eòlas air Gàidhlig, sa chuibheasachd, nas sine na an àireamh-sluaigh choitcheann.
99. Anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig, bha an suidheachadh an ìre mhath co-ionann ri sin, le 19 sa cheud den àireamh-sluaigh air an robh tinneas bacaidh fad-ùine, an coimeas ri 23 sa cheud den fheadhainn le eòlas Gàidhlig.
100. Ged nach eil seo air a shealltainn ann an **Clàr 18**, bha meudachadh mòr eadar 1991 agus 2001 (de timcheall air 7 puingean sa cheud, airson gach cuid sluagh na h-Alba agus daoine le beagan comas Gàidhlig) anns a' chuibhreann de dhaoine a thuir gu robh tinneas fad-ùine orra.
101. Ann an gach cuid An Còrr de dh'Alba agus na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig, bha daoine le tinneas bacaidh fad-ùine nas buailtiche a' Ghàidhlig a bhith aca na an fheadhainn gun tinneas bacaidh fad-ùine. Anns A' Chòrr de dh'Alba, bha seo fìor cuideachd airson daoine fo aois 55 agus, anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig, bha e fìor airson a h-uile buidheann aoise ach a-mhàin 35-44 agus 55-64.

Slàinte san fharsaingeachd (Clàr 19)

102. Aig ìre Alba, thuir àireamh sa cheud na b' ìsle de dhaoine le beagan comais sa Ghàidhlig gu robh iad ann an deagh shlàinte (64 sa cheud) an coimeas ris an àireamh-sluaigh gu h-iomlan (68 sa cheud). A-rithist, 's dòcha gu bheil seo air sgàth 's gu bheil daoine le eòlas air Gàidhlig, sa chuibheasachd, nas sine na an àireamh-sluaigh san fharsaingeachd.
103. Bha eadar-dhealachadh co-ionann anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig, far an duirt 70 sa cheud den àireamh-sluaigh gu robh deagh shlàinte aca, an coimeas ri 66 sa cheud den fheadhainn le eòlas Gàidhlig.
104. Anns gach cuid An Còrr de dh'Alba agus na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig, cha robh daoine le deagh shlàinte cho buailteach a' Ghàidhlig a bhith aca ris an fheadhainn a thuir nach robh an slàinte math. Anns A' Chòrr de dh'Alba, bha seo fìor cuideachd airson daoine fo aois 55 ach, anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig, bha e fìor a-mhàin airson nan aoisean 25-34 agus 65 & os a chionn.

Luchd-cùraim (Clàr 20)

105. Bha àireamh sa cheud na b' àirde de dhaoine le beagan comais sa Ghàidhlig nan luchd-cùraim (12 sa cheud) na bha ann an sluagh na h-Alba san fharsaingeachd (9½ sa cheud).
106. Bha luchd-cùraim nas buailtiche comas sa Ghàidhlig a bhith aca.

107. Anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig, airson a h-uile buidheann aoise ach a-mhàin an fheadhainn aois 75 agus os a chionn, bha luchd-cùraim na bu bhuailtiche eòlas Gàidhlig a bhith aca na daoine nach robh a' frithealadh. Bha an t-eadar-dhealachadh seo na bu mhotha airson an fheadhainn fo aois 45. Anns A' Chòrr de dh'Alba, bha luchd-cùraim den h-uile buidheann aoise nas buailtiche eòlas Gàidhlig a bhith aca, leis an eadar-dhealachadh a bu mhotha am measg an fheadhainn fo aois 25.

Teaghlaichean le luchd-cùraim agus daoine le tinneas bacaidh fad-ùine (Clàr 21)

108. Bha aon inbheach le Gàidhlig aig a' char as lugha ann an 38,862 teaghlaichean an Alba (1.8 sa cheud den h-uile teaghlach).
109. Bha neach/luchd-cùraim le Gàidhlig ann an cuibhreann beagan na b' àirde (2.1 sa cheud) de theaghlaichean le aon neach-cùraim aig a' char as lugha.
110. Bha aon neach-cùraim aig a' char as lugha ann an 12 sa cheud de theaghlaichean le aon neach-còmhnaidh os cionn 75 air an robh tinneas bacaidh fad-ùine. Bha am figear seo mòran na b' àirde (21 sa cheud) ann an teaghlaichean le aon inbheach le Gàidhlig aig a' char as lugha.

Earrann 6 : Coitcheann

Obair eaconamach (Clàr 22)

111. Ann an 2001, ged a bha 45½ sa cheud de dhaoine an Alba aois 16-64 ann an obair fad-ùine, b' e dìreach 42 sa cheud de dhaoine le beagan comais sa Ghàidhlig a bha ag obair làn-ùine.
112. Anns na prìomh cheàrnaidhean Gàidhlig, bha an t-eadar-dhealachadh a bu mhotha ann an Earra-Ghàidheal & Bòid, far an robh 37 sa cheud de dhaoine aois 16-64 le comas sa Ghàidhlig ann an obair làn-ùine, an coimeas ri 43 sa cheud den àireamh-sluaigh uile den aois sin..
113. Air feadh Alba, bha àireamh sa cheud beagan na b' àirde de dhaoine le comas Gàidhlig ag obair air an ceann fhèin (9 sa cheud) an coimeas ris an àireamh-sluaigh san fharsaingeachd (7 sa cheud).
114. Ach, anns an Eilean Sgitheanach & Loch Aillse agus na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile, cha robh an fheadhainn le eòlas Gàidhlig cho buailteach a bhith ag obair air an ceann fhèin ris an àireamh-sluaigh gu h-iomlan.

Gnìomhachas & Dreuchd (Clàir 23 & 24)

115. Ann an 2001, bha 2.0 sa cheud de dhaoine an ceann an cosnaidh aois 16-74 le beagan comais sa Ghàidhlig ag obair ann an gnìomhachas an iasgaich (**Clàr 23**). Tha seo mòran nas àirde na ann an Alba san fharsaingeachd (0.3 sa cheud), gu h-àraidh air sgàth gu bheil iasgach nas cudromaiche anns na prìomh cheàrnaidhean Gàidhlig. Anns A' Chòrr de dh'Alba, cha robh duine le comas Gàidhlig na bu bhualtiche a bhith no gun a bhith ag obair ann an gnìomhachas an iasgaich.
116. Bha àireamh sa cheud na b' àirde de dhaoine le eòlas Gàidhlig an Alba ag obair ann am foghlam ann an 2001 (10 sa cheud) an coimeas ris an àireamh-sluaigh san fharsaingeachd (7 sa cheud). Anns gach prìomh cheàrnaidh Gàidhlig, bha an àireamh sa cheud ag obair ann am foghlam co-dhiù cho mòr airson an fheadhainn le eòlas Gàidhlig 's a bha e airson a h-uile duine.
117. Bha cuibhreann na bu lugha de dhaoine le comas Gàidhlig ann an obraichean saothrachaidh agus mòr-reic & mion-reic (8 agus 11 sa cheud fa leth) na ann an sluagh na h-Alba (13 agus 14 sa cheud). Bha seo fìor cuideachd anns gach prìomh cheàrnaidh Gàidhlig.
118. Bho 1991, tha meudachadh mòr air a bhith anns an àireamh sa cheud de dhaoine ag obair ann an gnìomhachas oighreachdas. Airson a h-uile ceàrnaidh Ghàidhlig ach a-mhàin na h-Eileanan Siar agus Earra-Ghàidheal & Bòid, bha am meudachadh seo na bu mhotha airson daoine le beagan comais sa Ghàidhlig na bha e airson a h-uile duine.
119. Bha àireamh sa cheud na b' àirde de dhaoine ann an obair le comas sa Ghàidhlig nan luchd-proifeiseanta teagaisg agus rannsachaidh na sluagh na h-Alba san fharsaingeachd (**Clàr 24**). Bha seo gu sònraichte fìor airson boireannaich agus airson roinn An Còrr de dh'Alba.
120. Bha àireamh sa cheud na b' isle de dhaoine le comas Gàidhlig ann an dreuchdan rianachd.

121. Anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig, cha robh fir le eòlas Gàidhlig cho buailteach a bhith ann an obair àiteachais sgìleil no mar dhràibhear agus oibrichean còmhdhail agus inneal gluasadach ri fir san fharsaingeachd. Bha mnathan le eòlas Gàidhlig nas buailtiche a bhith ag obair ann an dreuchdan seirbheis cùraim pearsanta na mnathan san fharsaingeachd.
122. Anns A' Chòrr de dh'Alba, bha boireannaich le eòlas Gàidhlig nas buailtiche a bhith ag obair mar luchd-proifeiseanta co-cheangailte ri slàinte is sochair sòisealta na boireannaich san fharsaingeachd.

Ìre a b' àirde de theisteanas foghlaim (Clàr 25)

123. Sa chuibheasachd, bha ìre teisteanais na b' àirde aig daoine le beagan eòlais Gàidhlig na daoine an Alba san fharsaingeachd. Bha 28 sa cheud den fheadhainn le eòlas Gàidhlig ionnsaichte gu ìre ceum no ìre cho-ionann, an coimeas ri 19½ sa cheud airson sluagh na h-Alba san fharsaingeachd.
124. Bha daoine nach robh comasach air Gàidhlig a bhruidhinn ach le sgilean Gàidhlig nas adhartaiche mar leughadh agus/no sgrìobhadh, eadhan nas buailtiche foghlaim ìre ceum a bhith aca (47 sa cheud)
125. Anns na h-Eileanan Siar, an t-Eilean Sgitheanach & Loch Aillse agus Earra-Ghàidheal & Bòid, cha robh an fheadhainn le eòlas air Gàidhlig cho buailteach ris an àireamh-sluaigh gu h-iomlan a bhith ionnsaichte gu ìre ceum.
126. Bha timcheall air treas earrann de dhaoine an Alba gun teisteanasan foghlaim sam bith. Do dhaoine le eòlas Gàidhlig, bha a' chuibhreann seo na b' ìsle – gu h-àraidh do dhaoine nach robh comasach air Gàidhlig a bhruidhinn ach le sgilean Gàidhlig na b' adhartaiche, le dìreach 15 sa cheud dhiubh gun teisteanasan foghlaim sam bith.

Clann eisimeileach le Gàidhlig (Clàr 26)

127. Bha 911,000 clann eisimeileach aois 3 agus os a chionn ann an Cunntas-sluaigh 2001. Bha na bu lugha na 1 sa cheud den chloinn sin nan luchd-labhairt Gàidhlig.
128. Ged a bha 13 sa cheud den chloinn le Gàidhlig aois 3 no 4, b' e dìreach 7 sa cheud den chloinn le Gàidhlig a bha an aois seo. Air an làimh eile, bha 28 sa cheud de eisimeilich gun Ghàidhlig 12-15 bliadhna a dh'aois, an coimeas ri 34 sa cheud de eisimeilich le Gàidhlig.
129. B' e beagan eadar-dhealachaidh a bha sa chuibhreann de eisimeilich a bha aois 5-11 agus 16-18 le Gàidhlig agus gun Ghàidhlig.
130. Ann an teaghlaichean càraid le aon inbheach na neach-labhairt Gàidhlig, bha còigeamh earrann den chloinn eisimeileach a' bruidhinn Gàidhlig.
131. Ann an teaghlaichean càraid le dà inbheach nan luchd-labhairt Gàidhlig, bha 68 sa cheud de eisimeilich nan luchd-labhairt Gàidhlig. Chaidh seo bho 57 sa cheud de dhaoine aois 3-4 bliadhna gu 73 sa cheud de dhaoine aois 12-15 bliadhna.

132. Bha dìreach os cionn treas earrann den chloinn ann an teaghlaichean pàrant singilte le aon inbheach le Gàidhlig a' bruidhinn a' chànain iad fhèin. Bha seo cuideachd aig an ìre a b' àirde airson daoine aois 12-15 bliadhna (36 sa cheud).
133. Ann an dachaighean anns an robh barrachd air aon teaghlach, far an robh a h-uile inbheach san teaghlach a' bruidhinn Gàidhlig, bha 68 sa cheud de eisimeilich a' bruidhinn a' chànain. Bha 86 sa cheud de na h-eisimeilich aois 16-18 bliadhna san t-seòrsa teaghlaich seo nan luchd-labhairt Gàidhlig.

Earrann 7 : Coimeas eadar diofar bhuidhnean aoise eadar 1991 agus 2001 (Clàr 27)

134. Tha **clàr 27** a' coimhead ri suidheachadh àireamh de dhaoine ann am buidheann aoise 10 bliadhna ann an 1991 an coimeas ris a' bhuidhinn aoise “cho-ionann” ann an 2001 – mar eisimpleir, a' dèanamh coimeas eadar daoine a bha 30-39 ann an 1991 agus an fheadhainn a bha 40-49 ann an 2001.
135. Bha an àireamh de dhaoine aois 30-39 bliadhna ann an 2001 2 sa cheud na b' àirde na an àireamh de dhaoine aois 20-29 bliadhna ann an 1991. B' e beagan eadar-dhealachaidh a bha san àireamh de dhaoine aois 40-49 bliadhna ann an 2001 agus an àireamh de dhaoine aois 30-39 bliadhna ann an 1991. Bha 9 sa cheud na bu lugha de dhaoine aois 60-69 bliadhna ann an 2001 na daoine aois 50-59 bliadhna ann an 1991 agus 27 sa cheud na bu lugha de dhaoine aois 70-79 bliadhna ann an 2001 na daoine aois 60-69 bliadhna ann an 1991.
136. Ged a bha daoine aois 20-29 bliadhna ann an 1991 air meudachadh 2 sa cheud ro 2001 (nuair a bha iad 30-39), bha a' chuibhreann de luchd-labhairt Gàidhlig air tuiteam 6 sa cheud. A rèir ceàrnaidh Ghàidhlig, chaidh seo bho An Còrr den Ghàidhealtachd, far an robh an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig an ire mhath mar a bha e, gu na h-Eileanan Siar agus na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile far an do thuit an àireamh de luchd-labhairt 15 sa cheud.
137. Ged a bha an aon àireamh de daoine aois 40-49 bliadhna ann an 2001 's a bha ann de dhaoine aois 30-39 bliadhna ann an 1991, bha an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig air tuiteam 9 sa cheud.
138. Tha an tuiteam eadar 1991 agus 2001 anns na h-àireamhan anns na buidhnean aoise nas sine ri shùileachadh oir tha e nas buailtiche do dhaoine bàsachadh aig na h-aoisean sin. Ach, airson nan aoisean sin, bha an tuiteam anns an àireamh-sluaigh a' bruidhinn Gàidhlig fhathast na bu mhotha na an tuiteam airson an àireamh-sluaigh gu h-iomlan.
139. Anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile, bha barrachd luchd-labhairt aois 40-49 agus 50-59 bliadhna ann an 2001 na bha de luchd-labhairt aois 30-39 agus 40-49 bliadhna ann an 1991. Anns a h-uile ceàrnaidh Gàidhlig eile, bha tuiteam anns na h-àireamhan sin. Ach, 's dòcha gu bheil an àireamh nas àirde de luchd-labhairt Gàidhlig anns na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile gu ìre mar thoradh air gu robh meudachadh mòr anns an àireamh-sluaigh san fharsaingeachd airson nam buidhnean aoise sin.

Earrann 8 : Imrich

Daoine an Alba a rèir suidheachadh imrich (Clàr 28)

140. Ann an 2001, bha 88 sa cheud de dhaoine le beagan comais sa Ghàidhlig a' fuireach aig an aon sheòladh aig àm Cunntas-sluaigh 's a bha iad aon bhliadhna roimhe. Bha seo an ìre mhath co-ionann ris an àireamh airson sluaigh na h-Alba.
141. Taobh a-staigh nan diofar chomasan cànan, chaidh seo bho 89 sa cheud do dhaoine comasach air bruidhinn Gàidhlig gu 82 sa cheud do dhaoine anns a' ghnè "measgachadh de sgilean eile sa Ghàidhlig" a bha air fhàgail.
142. Uile gu lèir, bha beagan comais sa Ghàidhlig aig 2.0 sa cheud de imrichean an Alba, beagan na b' àirde na am figear de 1.8 sa cheud airson neo-imrichean.

Imrich aig ìre ceàrnaidh Gàidhlig (Clàir 29 & 30)

143. Bha beagan comais sa Ghàidhlig aig 46 sa cheud de imrichean a ghluais a-steach do na h-Eileanan Siar bho àite eile an Alba anns a' bhliadhna ron Chunntas-sluaigh. Airson an Eilean Sgitheanach & Loch Aillse, bha am figear seo aig 26 sa cheud (**Clàr 29**).
144. Bha beagan comais sa Ghàidhlig aig cuibhreann mòran na b' àirde (57 sa cheud) de dhaoine a ghluais a-mach às na h-Eileanan Siar gu àite eile an Alba. Airson an Eilean Sgitheanach & Loch Aillse, bha am figear seo aig 36 sa cheud.
145. Ged a ghluais dìreach 10 sa cheud de imrichean a thàinig a dh'Alba bhon chòrr den RA agus thall thairis gu na prìomh cheàrnaidhean Gàidhlig, ghluais 25 sa cheud de imrichean le Gàidhlig a thàinig bho thaobh a-muigh Alba gu na prìomh cheàrnaidhean Gàidhlig.
146. Chaill na h-Eileanan Siar dìreach os cionn 1 sa cheud den àireamh-sluaigh aca tro imrich gu pàirtean eile de dh'Alba anns a' bhliadhna ron Chunntas-sluaigh – agus cuibhreann co-ionann den àireamh-sluaigh le Gàidhlig aca (**Clàr 30**). Ghabh call luchd-labhairt Gàidhlig a-steach 325 luchd-labhairt, air a cho-chothromachadh le 164 in-imrichean le Gàidhlig. Ghluais trì-chairteal de às-imrichean gu An Còrr de dh'Alba (243 daoine), agus bha timcheall air dithis às gach triùir de in-imrichean bho àiteachan eile an Alba mar thoradh air imrichean a' gluasad bho An Còrr de dh'Alba (106 daoine) (**Clàr 29**).
147. Chaill an t-Eilean Sgitheanach & Loch Aillse agus Earra-Ghàidheal & Bòid barrachd air 1 sa cheud den àireamh-sluaigh le Gàidhlig aca tro imrich gu pàirtean eile de dh'Alba (**Clàr 30**). Anns gach ceàrnaidh, rinn imrichean a' gluasad gu/bho An Còrr de dh'Alba suas cuibhreannan àrda (co-ionann ris an fheadhainn airson nan Eilean Siar) de gach cuid às-imrichean agus in-imrichean gu/bho àiteachan eile an Alba.
148. Bhuannaich An Còrr de dh'Alba timcheall air 1 sa cheud den àireamh-sluaigh le Gàidhlig aige mar thoradh air imrich bho na prìomh cheàrnaidhean Gàidhlig.

149. Bha a' chuid as motha de às-imrichean a bha nan luchd-labhairt Gàidhlig bho na prìomh cheàrnaidhean Gàidhlig air a dhèanamh suas de dhaoine aois 16-44. Ged a bha beagan co-chothromachaidh ann an in-imrichean nas sine, bha na h-àireamhan glè bheag m.e. b' e dìreach 11 in-imrichean aois 65 agus os a chionn gu na h-Eileanan Siar a bha nan luchd-labhairt Gàidhlig. Chaill na Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile agus Earra-Ghàidheal & Bòid timcheall air 6 agus 5 sa cheud, fa leth, den àireamh-sluaigh le Gàidhlig aca aois 16-44. B' e roinn An Còrr de dh'Alba a-mhàin a fhuair luchd-labhairt Gàidhlig den aois seo, a' faighinn co-ionann ri 3 sa cheud den àireamh-sluaigh le Gàidhlig aige den aois sin.
150. Ghluais beagan de luchd-labhairt Gàidhlig taobh a-staigh nam prìomh cheàrnaidhean Gàidhlig, ach bha na h-àireamhan glè bheag (dìreach 217 daoine gu h-iomlan) (**Clàr 29**). Mar eisimpleir, ghluais 71 luchd-labhairt Gàidhlig bho na h-Eileanan Siar chun A' Chòrr den Ghàidhealtachd, le 38 a' dol an taobh eile.

Imrich aig ìre roinn ùghdarras ionadail (Clàir 31 & 32)

151. Tha **clàir 31** agus **32** a' sealltainn, airson imrichean a ghluais eadar seòlaidhean an Alba agus a tha a' bruidhinn Gàidhlig, an roinn ùghdarras ionadail san robh iad a' fuireach aig àm Cunntas-sluaigh agus an roinn ùghdarras ionadail san robh iad a' fuireach aon bhliadhna ron Chunntas-sluaigh.
152. Tha **Clàr 31**, airson nan imrichean a bha a' fuireach anns gach roinn aig àm a' Chunntas-sluaigh, a' briseadh sìos na roinn san robh iad a' fuireach bliadhna air ais. Le sin, mar eisimpleir, bha 6.8 sa cheud de imrichean le Gàidhlig a bha a' fuireach anns na h-Eileanan Siar aig àm a' Chunntas-sluaigh air a bhith a' fuireach an Roinn na Gàidhealtachd aon bhliadhna ron sin.
153. Tha **clàr 32** a' toirt, airson nan aon imrichean le Gàidhlig, nan àireamhan a bha a' fuireach anns gach roinn aon bhliadhna ron sin, air am briseadh sìos a rèir dè an roinn de dh'Alba anns an robh iad a' fuireach aig àm a' Chunntas-sluaigh. Le sin, mar eisimpleir, bha 10.0 sa cheud de imrichean le Gàidhlig a bha a' fuireach ann an Earra-Ghàidheal & Bòid bliadhna ron Chunntas-sluaigh a' fuireach am Baile Ghlaschu aig àm a' Chunntas-sluaigh.
154. 'S iad cuid de na prìomh phuingeann inntinneach ann an **Clàir 31** agus **32**:
- Ged a bha 5,469 imrichean le Gàidhlig ann a ghluais eadar seòlaidhean an Alba, dh'fhuirich 3,655 (67 sa cheud) taobh a-staigh an aon roinn comhairle, leis an 1,814 (33 sa cheud) a bha air fhàgail a' gluasad gu roinn comhairle eadar-dhealaichte. Ach, bha eadar-dhealachadh mòr anns na h-àireamhan sa cheud sin bho cheàrnaidh gu ceàrnaidh (faic ceallan ann an clò trom air trasdan gach clàr).
 - Am measg imrichean le Gàidhlig, b' e an fheadhainn a bha a' fuireach anns na prìomh sgìrean Gàidhlig aig àm a' Chunntas-sluaigh a bu bhuailtiche gun a bhith a' còmhnaidh ann an roinn ùghdarras ionadail eadar-dhealaichte aon bhliadhna air ais (**Clàr 31**). Ann an Earra-Ghàidheal & Bòid, bha 79 sa cheud de luchd-labhairt a bha air gluasad bho sheòladh an àite sam bith an Alba gu seòladh ann an Earra-Ghàidheal & Bòid air gluasad taobh a-staigh Earra-Ghàidheal & Bòid,

leis an 21 sa cheud a bha air fhàgail air gluasad a-steach do dh'Earra-Ghàidheal & Bòid bho phàirt eile de dh'Alba. Bha dealbh co-ionann air fhaicinn anns na h-Eileanan Siar agus Roinn na Gàidhealtachd far an robh 78 agus 76 sa cheud, fa leth, de imrichean le Gàidhlig “taobh a-staigh Alba” air a bhith a’ fuireach aig seòladh eadar-dhealaichte anns an roinn comhairle sin bliadhna ro-làimh. Tha seo a’ sealltainn gu bheil luchd-labhairt Gàidhlig anns na prìomh sgìrean Gàidhlig nas buailtiche gluasad gu h-ionadail na luchd-labhairt Gàidhlig ann an àiteachan eile.

- B’ e imrichean le Gàidhlig a’ fuireach ann an Dùn Breatainn an Ear aig àm a’ Chunntas-sluaigh a bu bhualtiche a bhith a’ còmhnaidh ann an roinn ùghdarras ionadail eadar-dhealaichte aon bhliadhna nas tràithe. Bha a-mhàin 27 sa cheud de imrichean le Gàidhlig a’ fuireach ann an Dùn Breatainn an Ear aig àm a’ Chunntas-sluaigh air gluasad bho àite eile ann an Dùn Breatainn an Ear, le 44 sa cheud air gluasad an sin bho Bhaile Ghlaschu.
- Tha **Clàr 32** eadar-dhealaichte ri **Clàr 31** oir, ged a tha **Clàr 31** a’ sealltainn imrichean le Gàidhlig “taobh a-staigh Alba” a rèir càit an robh iad a’ fuireach aig àm a’ Chunntas-sluaigh, tha **Clàr 32** gam briseadh sìos a rèir càit an robh iad a’ fuireach aon bhliadhna roimhe. Bha 76 sa cheud de imrichean le Gàidhlig a bha a’ fuireach ann am Baile Dhùn Deagh aon bhliadhna ron Chunntas-sluaigh air fuireach anns a’ bhaile – a’ chuibhreann **a b’ àirde** den h-uile roinn ùghdarras ionadail. Aig ceann eile na sgèile, b’ e dìreach 32 sa cheud de imrichean le Gàidhlig “taobh a-staigh Alba” a bha a’ fuireach ann an Dùn Breatainn an Ear aon bhliadhna roimhe, a bha fhathast an sin aig àm a’ Chunntas-sluaigh.
- Tha e comasach obrachadh a-mach, bho **Chlàir 31 & 32**, buannachd agus call lom de luchd-labhairt Gàidhlig aig ìre ùghdarras ionadail, le na figearan anns a’ chiad shreath de **Chlàr 32** a thoirt air falbh bho na figearan anns a’ chiad cholbh de **Chlàr 31**.
- Sheall Baile Ghlaschu a’ bhuanachd a bu mhotha anns an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig (163) agus bha an calla bu mhotha anns na h-Eileanan Siar (161 daoine).
- B’ e Baile Dhùn Èideann an aon cheàrnaidh eile a bhuanachd barrachd air 50 luchd-labhairt, agus chaill Roinn na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal & Bòid fa leth os cionn 50 luchd-labhairt.

155. Gheibhear clàir co-ionann ri **Clàir 31** agus **32** ach a bhuineas don h-**uile** imriche a ghluais eadar seòlaidhean an Alba ann an Clàir 21 agus 22 sa phàipear ullaichte foillsichte aig GROS fon ainm “Scotland’s Census 2001, Statistics on Migration” - <http://www.gro-scotland.gov.uk/statistics/library/occpapers/scotlands-census-2001-statistics-on-migration/index.html>.